


Hall 195 h.1(1-22)

National Library of Scotland



B000274327

LEABHAR CHEIST

AIR

UACHDARANACHD AGUS OIDEAS

NA

H-EAGLAIS CLÉIREACHAIL;

(NO, EAGLAIS NA H-ALBA.)

EADAR-THEANGAICHTE GU GAEILIC, (LE CEAD NAN UGHDAIREAN,) O'N NAOIDH-EAMH CLODH-BHUALADH DO 'N LEABHAR 'S A' BHEURLA.

"Feuch dhoibh dreach an tighe agus a chumachd, agus a dhol a mach agus a theachd a stigh, agus 'uile choslas agus 'uile òrduighean, agus 'uile dheilbli, agus 'uile reachdan, agus sgriobh e 'n an sealadh, a chum gu 'n éoinnid iad 'uile dhreach agus 'uile òrduighean agus gu'n dean siad iad."—ESECIEL. xliii. 2.

GLASGOW:
PUBLISHED BY DUNCAN MACVEAN.

MDCCCXLIII.

ROIMH-RÀDH.

CHA'N 'eil Ughdairean an Leabhair Cheist so 'g a chur a mach le rùn mhi-sheirceil do Chriosduidhlibh a tha do dh' atharrachadh aidmheil; ni mò tha iad 'g a chur a mach a dhùsgadh chonspoidcan; ach, air son nan aobhar so a leanas:—

1. Ann an làithibh bharailean iorghuilleach, mar an là 'n diugh, mheasadh leo gu 'n robh e 'n a ni cudthromach ro-fheumail do 'n Eaglais Chléireachail, gu 'm biodh a luchd-comuin, gu h-àraig an t-àl òg a tha 'g éirigh suas, làn fhoghluijmte ann an teagasgaibh bunaiteach a suidheachaидh, mar tha iad sin stéidhichte air focal Dhé, agus sònruichte, eadar-dhealaichte o' chàch.

2. Tha iad a' meas nam barailcan a ta iomadh deònach a chumail suas, neo-sgriobtuireil; agus uime sin, *mearachdach*—nach 'eil Riaghait àraig air bith mu uachdararanachd Eaglais agus Oideas do Shuidheachadh Nèamhaidh, agus gu 'm feud na h-Eaglaisean na Riaghailtean a 's ro-iomchuidh a chithear leo féin, ge b' e air bith iad, a chleachdainh.

3. Tha iad a' creidsinn gu 'm bheil glòir Chriosd, farsuingeachd a Rìoghacail agus, slàint' anama dhaoine an dlùth-dhàimh ri ministeireilachd dhìlis, òrduighean, agus a reachdan, do réir na Riaghail-Uachdararanachd a shuidhich e féin 'n a fhocal.

Roimh-Ràdh, an t-Sèathamh cur a mach.

Ann an cur a mach an t-Sèathamh chlòdh-bhualadh do'n Leabhran bheag so, tha sinn 'g a mheas mar ardleasdanas ar buidhleachas a nochidadh do Dhia, a thug air, le a bheannachd, gu 'n do shoirbhich e co maith. Chaidh, cheana, cùig clòdh-bhualaidean lionmhòr dheth a reic, a' deanamh suas gu léir, fichead mìle leabhar, agus air do 'n ath-chlòdh-bhualadh a bhi fathast 'g a iarruidh, chaidh an leabhar, lo roaire, a leasachadh, agus a measg nithe eile, chaidh a chur ris as ùr caibideil air comh-leantanas nan abstol, ni, a réir coltais, a ta 'n t-àm so gu mòr ag iarruidh. Tha sinn ag earbsadh gu 'm bi so feumail do dh' iomadh. Tha sinn cheana dearbhta, nach bi na h-oidhirpoan caoimhncil a ghnàthaichear gu a clraobh-sgaoileadh air sheòl's am bith fann, air chor 's gu'm bi oideas agus uachdararanachd, co maith ri teaghasgaibh agus Riaghailtean na h-Eaglais Cléireachail air an doanamh aithnichte mòran ni's farsuinge, agus a luach ni 's mò air a thuigsinn.

An Giblin, 1840.

* * This little Book,—“A Catechism of the Government and Discipline of the Presbyterian Church,”—has been so much esteemed, that 60,000 copies of it have been sold. It has been translated into French and Dutch; and now into *Gaelic*, for the use of Highlanders at home and abroad.

This translation has been revised and corrected by an eminent Clergyman of the Church of Scotland.



GLASGOW, February, 1843.

LEABHAR CHEIST, &c.

CAIB. I.

RIAGHLADH NA H-EAGLAIS.

I. CIOD e tha air a chiallachadh le Eaglais Chriosd?

Aon chuid a shluagh saoирte gu h-iomlan, no na h-uile' tha 'g aideachadh a bhi 'n an Criosduidhibh, air talamh, agus an clann. Eph. v. 25, 26: "Ghràdhach Criosd an Eaglais, agus thug se e féin air a son, chum gu 'n naomhaicheadh, agus gu'n glanadh, e i le ionnlad an uisge tre an fhocal." Gniomh. ii. 39, 47, "Oir a ta an gealladh dhuibh-sa, agus do bhur cloinn. Agus chuir an Tighearn gach là ris an Eaglais an dream a thèaruinear."

II. Cia mar tha 'n Eaglais anns an t-seadh choitchionn so, a ghnàth air a h-eadar-dhealachadh?

Mar an Eaglais fhaicsinneich, agus neo-fhaicsinneich; tha 'an Eaglais neo-fhaicsinneach a' gabhail a stigh naomh-shluagh Dhé gu h-iomlan air nèamh agus air talamh. Eabh. xii. 23. "làn choimhthional agus eaglais nan ceud-ghin, a tha sgriobhta 's na nèamhaibh;" agus an Eaglais fhaicsinneach, gach uile shluagh a tha ag aidmheil na firinn gu follaiseach mar a ta i ann an Iosa. Taisb. ii. 12,—15: "Agus chum aingil na h-Eaglais 'a ta ann an Pergamos, sgriobh,—a ta thu a' cumail m' ainme-sa gu daingean, agus cha d' àicheadh thu 'mo chreidimh—ach tha agad an sin an dream a tha cumail teagaisg Bhalaaim, ni a's fuathach leam-sa."

III. Am bheil aig an fhocal Ghreugais (*Ecclesia*) a tha air eadar-theangachadh Eaglais, anns na Sgriobtuiribh seadh air bith eile, ach an dithis ud a inhàin?

Tha;—tha e air a ghnàthachadh ann an iomadh seadh. Tha e a' ciallachadh:—'s a' cheud àit, Co-chruinneachadh coitchionn 's am bith, no coimhthional sluaigh. Gniomh. xix. 32: "oir bha an coimhthional (*ecclesia*) troimh a chéile," 2 Comh-chruinn-eachadh luchd-comhairle ceartais. Gniomh. xix. 39: "Ma tha ceist 's am bith agaibh mu nithibh eile, réiticear sin ann an coimhthional dligheach," (*ecclesia*); no luchd-riaghlaidh eaglais. Matt. xviii. 17: "Innis do 'n Eaglais e," &c., (*ecclesia*.) Tha 'n eaglais air a deanamh suas do luchd-riaghlaidh agus an dream a ghabh riaghlaidh. Eabh. xiii. 17. Agus a réir òrduigh gach comuinn deadh-riaghailteach tha gearana air an cur an làthair an luchd-riaghlaidh. B' ionann is mar bha ann an sionagogaibh eaglais nan Iùdhach; agus, uime sin, mar labhradh le'r Tighearna, agus air a thnígsinn le a dheiscioblaibh, tha am focal Eaglais anns an rann so a' ciallachadh luchd-riaghlaidh. 3. Coimhthional sòn-raichte 's am bith do Chriosduidhean. Col: iv. 15: "Agus air an eaglais a tha 'n a thigh."

4. Iomadh coimhthional, no iomadh eaglais air am meas mar aon, fo 'n aon riaghlaadh choitclionn. 1 Cor. 1, 2: "Chum EAGLAIS Dhé a ta ann an Corintus;" coimeas ri xiv. 34, "Biodh bhur mnài 'n an tosd 's na h-EAGLAISIBH." Mar an ceudna Gniomh. viii. 1: "An Eaglais a bha ann an Ierusalem," air a choimeas ri xxi. 20. *Cia lion mile* (no mar anns a' cheud chànan,) *miriads*. Is e miriad deich mìle. B' éigin gu 'n d' rinn iomadh *miriad* iomadh coimhthional ann an Ierusalem, gu h-uile air an gairm, an Eaglais, fo riaghlaidh nan abstol agus nan sean-airean, Gniomh. xv. 6 agus xvi. 4.

IV. Am bheil e 'n a aobhar suarach, ciod i an Eaglais da 'm buin sinn?

Cha 'n 'eil. 'S e ar dleasdanas sinn féin a cheangal agus dlù-leantuinn ris an Eaglais sin a's dlùithe a tha do réir nan Sgriobtuirean Naomha 'n a teagastg, 'n a suidheachadh, 'n a riaghailtibh, 'n a riaghlaadh agus 'n a foghlum. I Eoin. iv. 1; "Dearbh-aibh na spioradan, an ann o Dhia a tha iad." I. Tes: v. 21: "Doarbhaibh na h-uile nithe: cumaibh gu daingean an ni sin a ta maith."

V. Am bheil aig an Eaglais Chriosduidh mar chomunn faic-sinneach, seòl riaghlaidh sònraichte dhi féin?

Tha. Is rioghachd i aig am bheil reachdan, òrduicht le Criosd; agus is iad a buill an luchd-riaghlaidh, agus iadsan a tha air an riaghlaadh araon. Eoin. xviii. 36: "Cha 'n ann do'n t-saoghal so tha mo rioghdachd-sa." &c. Eabh. xiii. 17: "Bithibh ùmhail do 'ur cinn-iùil, agus thugaibh géill doibh: oir tha iad ri faire air bhur n-anamaibh."

VI. C' ait am faigh sinn na riaghailtean agus na reachdan leis am bheil i air a riaghlaadh?

Ann am focal Dhé a mhàin, Isa. viii. 20: "Chum an lagha agus a chum na fianuis: mur labhair iad a réir an fhocail so, is ann a chionn nach 'eil solus anna." Taisb. xxii. 18: "Ma' chuireas neach air bith ris na nithibh so, curidh Dia air-san na plàighean a tha sgrìobhta anns an leabhar so."

VII. Ciod an gnè lagh-Eaglais a tha air a shuidheachadh a réir focail Dhé, agus tha a' co-chòrdadh ris?

An seòl sin do'n goirear an roachd *Chléireachail*. Tha an t-ainin so a' tighinn o'n fhocal *Cléireach*, a ta a' ciallachadh sean-fhear, ni a's o an t-ainm gnàthaicht' agus sgriobtuireil air a thoirt do luchd-riaghlaidh na h-Eaglais.

VIII. Ciod is ceud-thoiseacha, no is prìomh bhunaitean àraïdh agus coitclionn d' an reachd Eaglais so?

Ard-uachdaranachd an Tighearn' Iosa Criosd, inbhe cho-ionann a mhiniistoirean maille r' a chéilo, agus dreuchdan fa leth a sean-fhoaran riaghlaidh, maille ris an ùghdarras mhinisteireil, agus iochdaranachd laghail nan cùirtoan Eaglais.

IX. Ciod a tha air a chiallachadh le àrd-uachdaranachd Criosd?

Tha,—Gur h-Esan, agus Esan a mhàin is Righ agus is Ceann do 'n Eaglais; agus nach 'eil ùghdarras aig duino no daoinibh 's am bith eile, reachdan stéidhidh na h-Eaglais a shuidheachadh. Salm. ii. 6: "Gidheadh dh' ung mise ino Righ air Sion, mo shliabh

naomh-sa." I. Pead. v. 3: " Ni mò mar Thighearnaibh os ceann oighreachd Dhé, ach mar dhream a th'a 'n an eisempleiribh do'n treud." Eph. v. 23: " mar is e Criosd ceann na h-Eaglais." Mat. xxviii. 28: " A' teagasg dhoibh gach uile ni a dh' àithn mise dhuibh a chum a choimhead."

X. Cia lìon seòrsa luchd-dreuchd a dh' òrduich Criosd 'n a Eaglais?

Dà sheòrsa Luchd-dreuchd, àbhaiseach, agus neo-àbhaiseach. Eph. iv. 11: " Agus thug e dream àraidh gu bhi 'n an abstolaibh; dream eile gu bhi 'n am fàidhibh, agus dream eile, gu bhi 'n an Soisgeulaichibh, agus dream eile gu bhi 'n an aodhairibh agus 'n an luchd-teagaig."

XI. Co iad ris an abrar luchd-dreuchd neo-àbhaiseach?

Daoine a fhuair cuibhrionn do thiodhlaicean mòrbhuileach, agus ùghdarras follaiseach, mar bha na h-abstoil, soisgeulaichc, agus fàidhean.

XII. Ciod am fàth mu 'n robh iad sin air an sònruachadh?

A chum toil Chriosd a dheanamh aithnichte, agus stèidh na h-Eaglais fhaicsinneich a shocruchadh do réir sin; agus chum eaglais Chriosd bhi air a frithealadh le luchd-dreuchd air mhodh riaghailteich agus sheasmhaich. Tit. i. 5: " Air son so, dh' fhàg mi thu ann an Crete, chum gu'n cuireadh tu an òrdugh na nithe a dh' fhàgadh gun deanamh." 2 Tim. ii. 2: " Agus na nithe a chuala tu uam-sa a measg mhòran fhianuisean, earb thusa na nithe sin féin ri daoinibh firinneach a bhios iomchuidh gu daoine eilè a theagasg mar an ceudna."

XIII. An robh luchd-inbhe 's am bith aca mar oifigich neo-àbhaiseach?

Cha 'n 'eil sinn a' leughadh gu 'n robh buidheann 's am bith air an sònruachadh gu thighinn an àite nan dreuchdan neo-àbhaiseach ud, mar abstolaibh, mar shoisgeulaichibh, no mar fhàidhibh. Gniomh. xiv. 23: " Agus an uair a dh'òrduich iad SEANAIREAN dhoibh anns gach EAGLAIS."

XIV. Ciod iad an Luchd-dreuchd eaglais gnàthaichte a shòn-raicheadh lo Criosd?

Cléirich, no seanairean, (do 'n goirear mar an ceudna easbuigcan, no luchd-amhare thairis) agus deacoincan. Gniomh. xx. 17: " Agus chuir e fios o Mhiletus gu h-Ephesus agus ghairm e d' a ionnsuidh seanairean na h-Eaglais." Philip. i. 1: " Chum nan naomh uile ann an Iosa Criosd, a tha ann am Phillipi, maille ris na h-easbuigibh agus ris na deaconaibh."

XV. Ciod a th' air a chiallachadh le aodhairean na h-Eaglais?

An luchd-teagaig, no na Seanairean do'n gnàth teagasg, co maith ri riaghladh.

XVI. Am bheil a h-aon diubh so a' sealbhachadh inbho agus ùghdarras a 's àirdo na 'chéile anns an Eaglais?

Cha 'n 'eil. Tha iad gu léir 's an aon inbhe, agus co-ionann ann an ùghdarras.

XVII. Nach 'eil na h-Easbuigcan 'n an àrd mhinistciribh air lethi agus fad os ceann mhinisteirean agus sheanairean?

Cha 'n 'eil. Cha 'n 'eil ann an Easbuig ach ainm eile air a thoirt do fhear-teagaig, no do sheanair.

XVIII. Cia mar tha sin air a nochdadadh?

1. Cha 'n 'eil easbuigean air an ainmeachadh aum an carrainn 'sam bith do 'n Tiomnadhs-Nuadh le aon ailm sònruichte air bith, a chum an cedar-dhealachadh o mhinisteiribh eile.—Cha 'n 'eil a h-aon diubh air an òrduchadh mar thighearnaibh air oighreachd Dhé; ach an ecart aghaidh sin, mar casbuig, no fear-coimhead na treuda; agus tha cléireach, no seanaир, air a thoirt mar ailm do na pearsaibh ceudna. Faic, Gniomh. xx. 17: tha iad so air an ainmeachadh “Seanairean” a tha a rìs, anns an 28 rann air an ainmeachadh “luchd-coimhead.” 'S e sin Easbuigean, mar tha am focal Greugais “*episcopoi*” a' ciallachadh.

2. Cha 'n 'eil dleasdanas no cumhachd air earbsadh ri easbuig ann an aon àit air bith do ná Sgriobtuiribh air leth o dhleasdanasa luchd-teagaisg eile. Cha 'n 'eil e air aithris ann an aon àit air bith, gu 'm bheil eadar-dhealachadh 's am bith eatorra sin, ann an cumhachdan-gniomha no ann an ionnsuchadh. “Mar so, ann an Tit. i. 5: tha an t-abstol a cur an cuimhne do Thitus,” “Air son so dh' fhàg mi thu ann an Crete, chum gu'n suidhicheadli tu scanairean anns gach baile.” Ann an ath rann tha e cur an céill an deas-bhuadhan mar sheanaирibh, agus anns an t-scachd-amh rann, ann an cur an sùim am bnadhan, tha e 'g ràdh, “oir is còir do easbuig a bhi neo-choireach,” &c.

3. Am fcadh a tha 'n dà shloimeadh so air an toirt do na h-aon daoinibh; *Cléireach* a réir inbhe, *Easbuig* co-ionann 'n an dleasdanasaibh le 'chéile—tha iad araon co-ionann, air gach aon dòigh. 'S e 'n t-aon eadar-dhealachadh a chithear anns am bheil mùthadh 's am bith, gu 'm bheil an onoir a 's mò air a meas do na daoinibh a tha ri teagasc, co maith ri riaghlaidh: Faic 1 Tim. v. 17: “Measar gur airidh na seanaircan a riaghlas gu maith air urram dùbailt, GU H-ARAIDH iadsan a tha saoith-reachadh 's an fhocal agus ann an teagasc.” Faic mar an ceudna. 1 Cor. xii. 28.

4. Tha gach uile aodhair a' faotainn a dhreuchd agus 'ùgh-darrais féin o Chriosd, leis an aon òrdugh, agus anns na h-aon bhriathraibh: Marc. xvi. 15: “Agus thubhairt e riu, Imichibh, air feadh an t-saoghail uile, agus searmonaichibh an soisgeul do gach dùil.”

5. Uaith sin, tha gach uile do'n goirear “Cléireach” no aodhair, air an gairm “Easbuigean” mar an ceudna, agus iadsan do'n goirear “easbuigean” theirear mar an ceudna “Cléirich” riu; a thaobh gu 'm bheil an inbh', an cumhachd, a'm buadhan, agus an dleasdanasa an dlù-dhàimh ris an dà shloimeadh, no'n dà ailm so. Tha e soilleir nach 'eil iad 'n am buidhnibh, no na 'n inbhlibh air leth; ach mar aon, agus mar aon ni. Uime sin, cha 'n 'eil ann an Cléireach no aodhair, agus ann an Easbuig, réir nan Sgriobtura, ach an t-aon ni.

XIX. Ciòd a' ghnè dreuchd air leth bha aig Timoteus agus aig Titus?

Bha iad 'n an seirbhisichibh neo-àbhaiseach, agus ioma-shiùbhlaich. 2 Tim. iv. 5, 10: “Dean obair soisgoulaiche. Titus (air falbh) a chum Dhalmatia.” 2 Cor. viii. 23: “Titus, is e mo chompanach-sa e, agus mo cho-oibriche do'r taobh-sa:” agus xii.

18: "Ghuidh mi air Titus a dhol do 'ur n-ionnsuidh, agus chuir mi bràthair maille ris."

XX. Am bheil am focal Aingeal mar tha e air a ghnàthachadh mar shamhladh air seachd Eaglaisean na h-Asia ann an Leabhar an Taisbeanaidh a' ciallachadh seirbhiseach a' s àirde no Cléireach, no Aodhair, no ministeur?

Cha 'n 'eil am focal a' ciallachadh ach teachdaire 'mhàin; agus feudar an t-ainm gu h-iomchuidh, a thabhairt do 'n t-seanair-theagaisg, no feudar a' ràdh mar ainm, ri Ceann-suidhe, (no fear-riaghlaidh) na cléire, mar cheann-comhairleacháidh, no conaltraidh, no feudar a ghnàthachadh mar ainm air a thoirt do aodhairibh na h-Eaglais, mar air leth, no an ceann a chéile. Taisb. ii. 8, 10: "cuid DHIUBII a chum gu 'n dearbhar SIBH," &c.: agus 13: "'N UR measg.

XXI. Ciod a tha dhìth air duine chum còir a thoirt dha bhi air òrduchadh a chum na ministreileachd?

Fallaineachd 's a' chreidimh, caithe-beatha neo-lochdach, agus naomh; cuibhrionn do dh'èolas aimsireil agus diadhaidh a dh' fhàgas comasach e a chum cur an aghaidh luchd-àicheadh a' chreidimh.—agus le uiread do thiòdhlaic labhairt 's a tha 'g a dheanamh comasach an Eaglais a theagast. 2 Tim. ii. 2: "Agus na nithe a chuala tu uam-sa a measg mhòran fhianuisean; earb thusa na nithe sin féin ri daoinibh firinneach, a bhios iomchuidh gu daoin' eile a theagast mar an ceudna." Tit. i. 7, 8: "Oir is còir do dh' easbuig a bhi neo-choireach mar stiùbhart Dhé, ciallach, cothromach, naomha, measarra." Mat. xiii. 52: "air an aobhar sin gach uile sgrìobhaiche ta foghlumto chum rioghachd nèimhe, is cosmhuil e ri fear-tighe a bheir a mach as 'iounhas nithe nuadha agus sean."

XXII. Co aige tha ùghdarris gu daoino òrduchadh a chum dhreuchdan 's an Eaglais?

Aig Cléir, no aig co-chruinneachadh do na seanairibh: 1 Tim. iv. 14: "Maille ri leagadh làmh na seanaireachd." Gniomh. vi. 6: "Chuir iad iadsan an làthair nan abstol: agus air deanamh ùrnuiigh dhoibh, chuir iad an làmhan orra."

XXIII. Am bheil dreuchd bhunaiteach air bith eile 's an Eaglais, ach dreuchd teagaisg?

Tha. Dreuchd-riaghlaidh mar an ceudna. Eabh. xiii. 24: "cuiribh fàilt' orra-san uile tha 'n an cinn-iùil duibh."

XXIV. Co dha bhuiteas gluasad anns an dreuchd so?

Araon do na Cléirich, no do na seanairibh: Gniomh. xv. 6: "Agus thàinig na h-abstoil agus na seanairean an ceann a chéile a dh'fheuchainn mu 'n chùis so;" agus xvi. 4: "thug iad dhoibh na h-òrdraighean r'an coimhead a dh' òrduicheadh leis na h-abstol-aibh agus na seanairibh." 1 Tim. v. 17: "Na seanairean, a riaghlas gu maith."

XXV. Cia lion buidheann Sheanair a ta ann?

Dithis;—An seanair teagaisg no an t-aodhair, agus an seanair riaghlaidh. 1 Tim. v. 17: "Measar gur airidh na Seanairean a riaghlas gu maith air urram dùailte, gu h-àraidh iadsan a tha saoithreachadh, 's an fhocal agus ann an teagast." 1 Cor. xii. 28: "luchd-teagaisg, luchd-cuideachaidh, uachdarana."

XXVI. Am bheil iad so gu bhi air am meas mar ghnè luchd-dreuchd air leth o chéile, a' scalbhachadh caochlaidh òrduighean ùghdarrais?

Tha iad gu bhi air am meas mar a lionadh caochlaidh ionadau do 'n aoine dreuchd ghnàthaichte, agus co-ionnan ann an ùgh-darras mar luchd-riaghlaidh na h-Eaglais.

XXVII. C'arson a tha iad mar so air an eadar-dhealachadh?

Do bhrigh nach 'eil an aon bhuidhean air an òrduchadh a chum riaghlaidh a mhàin, ach mar an ceudna chum teagaisg; agus a' bhuidheann eile, a chum riaghlaidh mar an dleasdanas féin fa leth.

XXVIII. Ciod e dleasdanas coitchionn, no gnàthaichte nan Seanairean riaghlaidh?

Oibreachadh maille ris an aodhair, mar chòmhnhadh dha, agus mar luchd-riaghailt ann an coimhead na h-Eaglais, a chum eòlas agus riaghailt a chumail suas, agus a' sealtruinn ri teaghlaichibh na muinntir euslain a bhuineas do'n Eaglais, a chum earalachaidh agus ùrnuiigh. I. Pead. v. 1, 2: "Na seanairean a ta 'n ur measg ta mi ag earail, air bhi dhomh féin a' m' sheanair mar an ceudna—Beathaichibh treud Dhé a ta 'n ur measg, ch' an ann a dh' aindeoin, ach gu deònach." Seumas v. 14: "Am bheil neach 's am bith tinn 'n ur measg? cuireadh e fios air seanairibh na h-Eaglais, agus deanadh iad ùrnuiigh os a cheann."

XXIX. Ain buin e do dhreuchd nan Deacon a bhi a' teagascg, no a' riaghlaidh 's an Eaglais?

Cha bhuin. Cha 'n 'eil iomradh air Deacon ann an aon àit do'n Sgriobtura an dàimh ris na dleasdanasaibh sin.

XXX. Ciod eile an dleasdanas a chum an robh iad air an òrduchadh?

A chum gnothuichean aimsireil na h-Eaglais a riaghlaidh, agus gu sònruichte a chum feitheamh air uireasbhuidh nam bochd, a chum is gu 'm feudadh na h-abstoil, no 'n luchd-teagaisg iad fèin a thoirt suas a ghnàth do inhinistreileachd an fhocail. Gniomh. vi. 4.

XXXI. Nach d' rinn Philip a bha an dreuchd na Deacoineachd, teagascg agus baisteadh?

Thioundaidh Philip gu bhi 'n a Shoisgeulaiche, agus aig a leithid sin do neach bha ùghdarras teagaisg agus baistidh. Gniomh xxi. 8: "agus chaith sinn a steach do thighe Philip an t-soisgeulaiche."

XXXII. Am bheil còir aig buill Eaglaisean an aodhairean fèin agus luchd-dreuchd eile nan Eaglaisean a thaghadh?

Tha. Tha 'n comas so aig na h-Eaglaisibh mar tha comas aig gach comunn saor eile, ain buill fèin a thaghadh. Gniomh, i. 5, 26: "an sin dh' éirich Peadar ann am meadhon nan deisciobul.—Agus thilg iad an crannchur, agus thuit an cranichur air Matias."—Gniomh. vi. 5: "Agus bha chainnt so taitneach an làthair na mòr chuideachd uile: agus thagh iad Stephan." 2 Cor. viii. 19: "Ach thaghadh e leis na h-Eaglaisibh mar an ceudna, mar chompanach turuis dhuinne, leis an tiodhlac so a fhrithealadh leinne chum glòire an Tighearna," &c.

XXXIII. Cià mar bu chubhaidh do Chriosduidhibh an dleasdanas so a glinàthachadh?

Le spiorad macantais, irioslachd, sìthe, agus ìrnugh, le àrd spéis do ghlòir Chriosd, agus do leas spioradail na h-Eaglais; gun chlaon-bhreth, no spéis do phearsaibh seach a chéile. Phil. ii. 3: "Na deanar aon ni tre chonnspoid no tre ghlòir-dhìomhain; ach ann an irioslachd intinn, measadh gach aon gur fèarr neach eile na e féin." 1 Cor. x. 31: "Ge b' e ni air bith a ni sibh, deanaibh na h-uile nithe chum glòire Dhé." Seumas iii. 17: "A ta an gliocas a ta o 'n àirde siochail, ciùin, gu 'n leth-bhreth."

CAIB. II.

COMH-LEANTANAS NA CLEIRE, AGUS AIR MAR THAINIG IAD AN LORG A CHEILE O LINN NAN ABSTOL A NUAS.

I. An robh, aig Abstolaibh Iosa Criod buidheann co-ionainm an dreuchd, 's an tiodhlacaibh riu féin, a thainig 'n an àite?

Cha robh: cha b' ann *mar abstolaibh* a shuidhich iad a' bhuidheann a thàinig mar luchd-dreuchd 'n an àit; (oir cha b' urrainn daoine air bith a bhi 'n an abstolaibh, ach iadsan a mhàin a chunnaic an Tighearna) *ach mar mhìnisteiribh*, gu bhi a' searmònachadh an fhocail, a' frithealadh nan sàcramaind, agus gu bhi a' coimhead thairis agus a' riaghlaigh na h-Eaglais a réir fhocail Chriosd. 2 Tim. iii. 2. Gniomh. xiv. 23.

II. Mar eadar-dhealachadh o na deaconsaibh, ciod mar dh' ainmichear an luchd-dreuchd spioradail so?

Tha iad air uairibh air an ainmeachadh 'n an Easbuigibh, 's e sin luchd-coimhead na treuda—Air uairibh eile, 'n an cléirichibh, a' ciallachadh seanairean, a thaobh suidheachaidh, agus luchd-coimhead, 'n an dleasdanasaibh. Ach tha iad le chéile do 'n aon inbhe—is cha 'n ann do dhithis. Gniomh. xx. 17—28. Tit. i. 5—7.

III. Cia mar a bha iad air an òrduchadh, no air an cur air leth a chum an dreuchd?

Le làmhaibh na seanaireachd no na Cléire, bhi air an leagadh orra. I. Tim. iv. 14. Gniomh. xxiii. 1.

IV. Ciod e gnàthachadh nan Eaglais a tha gu neo-sgriobtuireil a' cumail a mach gu 'm bheil Easbuig agus Cléireach 'n an dà inbhe air leth?

Is gnàthach leo an dara buidheann dhaoine chur air leth leis an ni sin do'n goirear leo féin *coisrigeadh* nan Easbuig, agus a' bhuidheann eile le òrduchadh simplidh a mhàin.

V. Am bheil aon riaghait, no eiseimpleir anns an Tiomnadhl Nuadh air an dà mhodh eadar-dhealaichto so a chum cur air leth mhìnisteirean gu 'n dreuchd, no gu an suidheachadh os ceann Eaglaisean air leth?

Cha 'n 'eil a h-aon.

VI. Nach 'eil e 'n a ni feumail gu 'm biodh ministeirean air an cur air leth air dhòigh a réir nan Sgriobtura agus a' tighinn gu connbhallaich air lorg no an déigh a chéile?

Tha. Mar clùis riaghait, tha o 'n a ni ion-mholta ann an

Eaglais Chriosd; ach cha 'n 'eil e feumail a chum saoradh anama dhaoine.

VII. C' ar son nach 'eil e feumail?

Do bhrigh nach urrainn dòigh-leaninhuinn air bith bhi iomlan ann féin, chum éifeachd focail Dhé a bhacadh; agus ni mò nach urrainn dòigh-leanmhuinn air bith, a dh' aindeoin ainse o' n leth inuigh, gu bràth teagastg dheamhna a naomhachadh.

VIII. Co iadsan a tha socruchadh gach uil' éifeachd agus shàbhalaidh air an ni sin inar an aois bhunait, do'n goirear an tighinn-a-nuas abstolach—no, Lorg-shlighe nan abstol, éifeachd-coiseachaidh na dreuchd, agus e sin uile bhi a' tighinn tre àrd-easbuigibh a mhàin, 'o làmhaibh nan abstol a nuas?

Tha, an Eaglais Phàpanach, agus earrann mhòr do Eaglaisibh Easbuigeach Shasuinn, agus na h-Eirinn, agus cuid do 'u Eaglais Easbuigoach ann an Alba mar an ceudna.

IX. Air dhuinn a bhi 'g am faicim so a' cur an uiread as a leth, an urrainn iad a dhearbhadh o *Eachdraidh* gu 'n robh a leithid do ni 's "tighinn a nuas abstolach" neo-bhristeach riamh, uiread 's a' gluasad 'n am measg?

Tha na tha iad a' gabhail orra ag iarruidh so o an làmhaibh; ach ged a tha iad ag oidhirpeachadh so a dheanamh, gidheadh cha 'n *urrainn* iad. Tha na leabhraichean aimneannan a tha iad a' gabhail orra bhi aca, mearachdach, no mi-choimhlionta; oir *an*s a' cheud àit, Cha 'n 'eil dearbhadh ceart 's am bith air gu'n robh an t-abstol Peadar, o am bheil iad a' gabhail orra an teachd a nuas a bhi, riamh 'n a Easbuig, no 'n a Cheann do Eaglais na Ròimhe, no eadhon gu 'n robh e aon uair riamh 's a' bhaile mhòr sin idir. *Anns an dara h-àit;*—Cha 'n 'eil aon dearbhadh ceart no soilleir, co a b' iad na cinn-aodhairean air an Eaglais 's an àite sin rè a' cheud dhà no thrì do ghinealaichibh. Agus *an*s an *treas* àit, tha'n dearbhadh a 's soilleire a 's urrainn Eachdraidh a nochdad, ann an ruith ùine, gu 'n robh an tighinn a nuas so air a bhriseadh ann an iomadh linn, agus ann an iomadh dòigh. Cha 'n 'eil ann a bhi cumail a mach nach 'eil o neo-bhriste, ach sgeulachd bhreugach Phàpanach.

X. Nach 'eil aithris no tagradh na còir-dhlighe so, 'n a ni ann ain bonn-stéidheachaidh a' chreidimh *Phrotastanaich* tha air 'aicheadh?

Gu làn-chinnteach tha; oir, ma tha a' chùis mar tha na *Protastanaich* a' cumail a mach, gun d' fhàs an Eaglais Phàpanach 'n a h-Eaglais cheann-laidir, thruaillidh, agus inhearachdach 'n a teagastg, agus gu 'n do chaill a luchd-dreuchd, no a seirbheisich ùghdarris am maighstir, agus nach urrainn iad a chomh-pàirt-eachadh do dhream eile: oir, ma 's e agus gur h-urrainn iad a chomh-pàirtoachadh idir, feumaidh sinn, mar an ceudna ar naonta chur ris gur comasach doibh a *ghairm air ais*. Nis, chaideadh gach Easbuig *Protastanach* a chur gu tric a mach á comunn nan Crioduidhean, agus as an dreuchd, le Eaglais na Ròimhe. Cionnus, uime sin, is urrainn iad còir a ghabhail air an *tighinn a nuas Abstolach*? Air an aobhar sin, ma tha ministerean *Protastanach* a' teagastg d' am pobull gu 'm bheil gach ùghdarris dligheach neo-sheachanta agus gu h-iomlan a' leanmhuinn a

leithid sin do *thighinn a nuas*, Tha 'm Pobull air a' mhodh sin gu soilleir ceangailte, no fo fhiachaibh a chum a *fàgail*, agus pilltiun gu ùghdarrings Eaglais na Ròimhe; ni ris an do chuir na ministeirean so air aon làimh gu h-amaideach an aonta, agus air an làimh eile, a bha iad gu mi-aontachail a' cur 'n a aghaidh.

XI. An ann a thaobh nach urrainn sinn féin còir agairst air a leithid so do *thighinn a nuas* a tha sinn 'g a àicheadh?

Cha 'n ann. Ach do brigh gu 'm bheil sinn 'g a mheas diomhain, agus neo-Sgriobtuireil. Dh' fheudadh an t-Abstol, 'n uair thigeadh e' n dàil chòir-agartais gun bhunnchar, a ràdh " Ge b'e air bith anns am bi neach dàna (Tha mi labhairt gu h-amaideach,) tha mise dàna mar an ceudna. An Eabhrach iad? Amhuil is mise. An Israelieh iad? Amhuil is mise. Am bheil iad do shìol Abrahim? Is amhuil a ta mise." Air an t-seòl cheudna, feudaidh sinne a ràdh, ma 's e agus gur h-urrainn aon chomunn Protastanach còir agairst air a leithid so do *thighinn a nuas*, feudaidh Eaglais na h-Alba, agus gach freumh dhi, a' chòir cheudna agairst.

XII. Cia mar tha sin?

Tha sinn a' faicinn roimh àm an Ath-leasachaидh gu'n robh am ministeirean air an òrduchadh le Easbuigibh Pàpanach; agus tha sinn a' faicinn gu 'm bheil a h-uile mhinisteirean 'n an Easbuigibh iad féin, mar chaidh a nochdadh roimhe so, agus gu 'm biodh an "tighinn à nuas" fadheoidh air a bhriseadh a réir coltais, ni's lugha na ann an Eaglais anns nach 'eil ach aon mhinisteir a measg chùig ceud air a ghabhail ris mar Easbuig le cumhachd an dreuchd sin a thoirt seachad do neach eile. Ann an amannaibh carraideach agus mi-riaghait, dh' fheudadh o bhi air a chall a measg àrd-Easbuigean Pàpanach, agus air a ghleidheadh a measg Easbuigean cléireachail, no Protastanach.

XIII. Ach am bheil sinne gu sinn féin a shocruchadh, no gu uaill a dheanamh as so?

Cha 'n 'oil gu einnteach: Ma tha sinn gu amharc a mach air son dhearbhaidhean gu 'm bheil ar ministeirean air an enr le Dia, 's ann an nithibh eile, ach so, a gheibhear na dearbhaidhean sin, agus cha 'n ann 's a' ghnothach so, nach 'eil mar a's fèarr ach neo-tharbhach agus diomhain.

XIV. Ciod an t-olc a tha 'g éirigh o mhinisteiribh Protastanach bhi a' cumail a mach, gu 'm bheil an "tighinn a nuas neo-blristeach" so bhi aca feumail a chum slàinte, agus o iad a ghabhail orra féin còir a bhi ac' air?

Tha mòran uile ullamh gu éirigh, a tha dol co fhad ri iad féin a chur as an Eaglais, do bhrigh, 'n uair a tha na tha iad a' gabhail orra, agus a' cur an céill a bhi feumail gu Eaglais a shuidheadadh, air a dhearbhadh 'n a bhréig-eachdraidh. Tha iad, uime sin, 'g an gairm féin a mach as a' mhinistreileachd, agus a' gairm a' phobuill air falbh o shlàinte. Tha o a' tarruing gu ùghdarrings duine bhi air àrdachadh os ceann ùghdarrais Dhé, agus beulaithris ar sinnsear thar nan Sgriobtur, agus phonean a ta anna fein suarach thar fhìrinnean cudthromach agus fheumail. Tha o 'g altrum uabhair a measg luchd-teagaaisg, 's a' dùsgadh easaontachd a measg Phrotastanach. Tha o a' daingneachadh na

Pàpanachd, a thaobh gu 'm bheil e a' gabhail a stigh a h-aon d' a h-agartasan a 's dàine; agus tha e a' neartachadh mi-chreidimh; do bhrigh 'n uair a tha ministeirean an t-soisgeil a' cur theagascg air bhonn, ri sealltainn a stigh annta a gheibhear co amaideach, agus co mearachdach 's a tha so, tha iad a' toirt a nuas an creideis fèin, an ann aithris do dhaoinibh fhìrinnean agus theagascgan a th' air an stéidheadh air firinn, agus feumail a chum slàinte.

CAIB III.

COMH-SHUIDHEACHADH AGUS UACHDARANACHD LAGHAIL Chùirtean na h-EAGLAIS.

I. Ciod e nàdur agus farsuingeachd an ùghdarrais a thug Criosc do luchd-riaghlaidh na h-Eaglais?

Tha e a mhàin 'n a ùghdarras ministeireil agus iochdaranaach. 2 Cor. i. 24: " Cha'n e gu'm bheil againn tighearnas air bhur creidimh-sa, ach is luchd-çuideachaидh sinn do 'ur n-aoibhneas."

II. Ciod a tha air a chiallachadh le ùghdarras ministeireil?

Is ùghdarras o, air a thoirt dhoibh, mar mhinisteiribh, no mar seirbhisichibh Chriosd, gu reachd a glairm, a chleachdàmh, agus oibreachadh a chum òrduigh agus eòlais spioradail na h-Eaglais a chur air an aghaidh no a mheudachadh.

III. Ciod a th'air a chiallachadh le ùghdarras ioclidaranach?

The e a' ciallachadh gu 'm bheil cùisean na h-Eaglais, 'n a cùirtibh iochdaranaach, gu bli air an togail a chum àrd-chùirtean tigh' an Tighearna—Mar tha cùisean na Cléire gu Seanadh, agus Seanadh gu Ard-sheanadh, agus na h-uilo gu Criosc, mar tha a thoil-sa foillsichto 's an fhocal.

IV. Cionnus a tha riaghaitt an ùghdarrais so gu bhi air a cleachdamh?

Le na h aodhairean no na seanairean bhi air an cruinneachadh gu Seisein, gu Cléir, agus gu Seanadh, agus Ard-sheanadh, no gu comh-chruinneachadh coitchionn nan Diadhair. Gniomh xv. 6: " Agus thàinig na h-abstoil agus na seanairean an ceann a chéile a dh' fheuchainn mu 'n chùis so."

V. Ciod e Seisein Eaglais?

Is e am ministeir (a theagaisgeas agus a riaghlas) maille ris na seanairean-riaghlaidh do choimhthional sònruichto 's am bith, air tighinn an ceann a chéile mar chuit-Eaglais. Tha 'm ministeir do ghnàth mar Cheann-suidhe do 'n cloinneamh, agus feudar Cléir a' choimhthionail a ràdh ri mòd mar so air a shuidheachadh. Tha 'm mòd so, leis an àird luchd-blàireth air a shuidheachadh do réir eisampleir mhòd nan Sionagog o shean, a chum ghnothuichean Riaghaitt agus Teagaisg. Ecsodus xviii. 21: " Agus taghaidh tu mach as an t-sluagh uile, daoine foghainteach, agus cuiridh tu iad os an ceann 'n an uachdaranaibh." Mat. xviii. 15—17: " Ma pheacaicheas do bhràthair 'n a t' aghaidh, innis do'n Eaglais e." Faic mar an ceudna 1 Cor. v. 4, 13.

VII. Co iad a ta fo ùghdarras an t-Seisein?

Uile bhuill na h-Eaglais a ta fo 'n coimhead?

VIII. Ciod e dleasdanas gach Eaglais no gach coinhthionail, a thaobh an t-Seisein?

An t-ùghdarras sin a tha air a thoirt le Criod a chumail suas le mòr mheas, agus ùmhachd shuilbluir d'a a nochdadhl's an Tighearna; le co-oibreachadh dileas anns na h-innleachdaibh feumail a tha e a' moladh. 1 Tes. v. 12, 13: "Agus guidheamaid oirbh, a bhràithre, aithne bhi agaibh air an dream a tha saoirthreachadh 'n ur measg agus a ta os bhur ceann 's an Tighearn, agus a tha 'g ur comhairleachadh; agus meas mòr a bhi agaibh dhiubh ann an gràdh air son an oibre. Bithibh siochail 'n ur measg féin."

VIII. Co dheth a tha Cléir air a deanamh suas?

Do Mhinisteiribh sgìreachdan a ta goireasach, no fagus d' a chéile.

IX. Ciod i farsuingeachd Uachdranachd laghail na Cléire?

Tha e a' gabhail a steach a buill féin maille ris gach Seisein agus comlhithional a bhuineas d'a; tha e 'n a mhòd a dh' ionnsuidh am bheil cùisean air an togail o Sheisein, aig am, bheil coimhead coitchionn a' choimthionail fo a chùram, agus o bhreth-sa o am bheil cùisean gu bhi air an toirt a chum an t-Seanaidh.

X. Co dheth a ta Seanadh air a dheanamh suas?

Tha e air a dheanamh suas do Mhinisteirean Chléirean air leth, dlùth d' a chéile, le Seanair-Riaghlaidh as gach Seisein. Ann an Eaglaisibh Cléireachail Chanada agus *New South Wales*, &c, is e an t-ard-Mhòd Uachdaranaich Laghail e; ach ann an Eaglaisibh eile a's liomhointe agus a' s farsuinge, mar tha Eaglaisean na h Alba', agus na h-Eirinn, agus America; tha mar an ceudna Ard sheanaidh air an deanamh suas do bhuill shònruichte, mhinistearan agus Sheanairean-Riaghlaidh, air an cur air leth le gach Cléir do 'n Eaglais.

XI. Am bheil an Tiomnadh Nuadh a' toirt seachad samhlaidh 's am bith cosmhul ri an leithidibh sin do mhòdaibh Eaglais?

Tha e, anns an xv. Caibideil do Ghniomara nan Abstol.

XII. Cia mar tha 'n xv. Caibideil do Ghniomhara nan abstol a' cur a' ghnè Riaghait Eaglais so air chois?

Tha na firinnean a ta air an sgrìobhadh ann 'n an eiseimpleir dhuinne, a' toirt dhuinn a shamhladh so do shuidheachadh. Ann an Eaglais Antioch, chaidh ceist a thogail mu chreidimh, agus mu ghnàthas uil' Eaglaisean Chriosd. (Rann 1, 2) chaidh a fàgail gu bhi air a socruchadh no air a dearbhadh aig Coimhthional a bha gu cruinneachadh ann an Ierusalem. (Rann 2,) Bha 'n comh-chruinneachadh so air a dheanamh suas do luchd-Riaghlaidh na h-Eaglais, ach bha e fosgailte do'n mliòr-shluagh uile, (Rann 6, 12,) Thòisich i le tuigse fhaicilleich a chleachd-amh, (Rann 7, 12, 13,) agus cha deachaidh i a thaobh le inntinnibh aoin-bheachd, air tùs; ach le tagradh cothromach, agus le smuaintibh geur-bheachd, fo threòrachadh coitchionn an Spioraid Naoimh. (Rann. 7, 22, 28). Thug fear do'n chomh-chruinneachadh doibh mìneachadh leis an d'aontaich iad gu h-aon-sgeulach e bhi ceart, agus leis an do shocruicheadh a' cheist. (Rann 19,

22) Chaidh an Reachd-Riaghlaidh so a chur le h-ùgħidarras a' chemh-chruinneachaidh ud a chum nan uil' Eaglaisean. (Rann 28. agus xvi. 4). Tha an eiseimpleir so air a leantuinn, ann an Riaghlaidh, maille ris ua h-uile mion chunntas iomchuidli do choimhthionalaibh air leth; sònraichte, agus leis an t-Seisein a chum nan Eaglaisean a ta goireasach a thaoblh coimhearsnachd, leis a' Chleir, agus do 'n Eaglais uile leis an Ard-sheanadh. "Deanaibh, na h-uile nithe gu deadh-mhaiseach agus le òrdugh." 1 Cer. xiv. 40.

CAIB. IV.

OIDEAS NA II-EAGLAIS.

I. Ciod e teisteas Sgriebtuireil mu Eaglais Chriesd?

Is comunn i de dh' aiteam a th' air an dealachadh o 'n chuid eile de'n Chinne-dhaona chum séirbhís Dhé. Eein xvii. 16: "Cha'n eil iadsan do'n t-saegħal."

II. Ciod na meadhenan leis am bheil an teist se gu bhi air a gleidħieil?

Le gluasad dileas ann an oideas Sgriebtuireil 1 Cer. v. 7: "Glanaibh a mach, uime sin, an t-sean thaeċi għoirt, a chum gu 'm bi sibh 'n ur meall nuadli." (Faic a' chuid eile de'n rann.)

III. Ciod an dòigh a réir am bu chöir do Mhòd Eaglais a bhi a' cur eideis an cleachdamh?

Bu chöir dha bhi, anns a' *cheud àit*, gu h-ORDAIL. 1 Cer. xiv. 40: "Deanar ua h-uile nithe gu deadh-mhaiseach agus a réir òrduigh." Anns an dara h-àit, gu MACANTA. Gal vi. 1: "Togaibh suas a leithid sin do dhuine, ann an spiorad na macantachd." Anns an treas àit, gu SOLUIMTE. 1 Pead. iv. 11. "Ma labħras neach 's am bith, LABHRADH E mar bhriathraibh Dhé." Anns a' cheathraimh àit, gu NEO-CHLAON-BHRETIEACH. 1 Tim. v. 21: "gun ni air bith a dheanamh le claon-bhreth."

IV. Ann an gabħail a steach bħall do'n Eaglais, am bheil an luchid-dreuchd fo chūmhñant gun a għabbail a stigh ach iadsan a *mħain* a ta da *rīreadh* 'n an naemhaib?

Cha 'n urrainn e bhi air a dheanamh aithnichto gu 'm bheil neach de *rīreadh* 'n a naemh, ach le Dhia a *mħain*. Bhiedh e, air an aobhar sin, mi-reusonta, an ni *is ēigin a bhi 'n a dhiomhaireachd do dhuine* bhi 'n a cheann-fàth breth. Theagħiġi ar Tigh-earn agus a chuid Abstola dhuinn, nach 'eil staid dhiomhair an anama gu bhi 'n a chuspajr d' ar breth-ne 'n uair a bhios dacine 'g iarruidh an gabħail a stigh mar bħuill do dh' Eaglais fhaic-sinnejha, Chriesd—Chuir Criod a mach mar shearmenaiche, Iudas, as-creidmheach, agus a bha 'n a fhear-bratha, 'g a għabbail a steach mar chempañach, agus theagħamh gu comhpàirteachadh d' a shuipeir; (Faic Luc. xxii. 19, 20, 21.) agus cha de dh' eadarsgar se e gus an de dhearbh se a chealgaireachid féin le gniomh soilleir. Amhuil a rinn abstol naemh air Simen Magus. (Faic Gniomh. viii. 13, 23; faic mar an ceudna Mat. xxv. 1, 2.)

V. C' àit am bheil inearachd ar bràithrean do na h-Eaglaisibh so ni 's faid' air an nochdad, a tha 'g aidmheil nach gabh iad ri daoinibh gu páirteachadh, no gu buanachadh anus a' chomunnachadh, ach buidheann a tha do rìreadh air an ath-ghineamhuinn?

Ma tha aidmheil creidmheach, agus caithe-beatha iomchuidh air an diùltadh mar dhearbhadh air còir companais, agus ma dh' fheumas naomhachd mar an ceudna bhi air 'friosrachadh; an sin, 'S a' cheud àit.—Tha iad le so a' cur suas agartais air gibht mhiorbhuileach, gibht "aithneachaidh nan spiorad." *Anns an dara h-àit.* A thaobh mar fhuair na faoin bharailean so seilbh-inntinn, tha e 'n a cheann-fàth air riaghailtean coitchionn reusonachaидh agus an fhéin-friosrachaidh leis am bheil daoine ruigsinn breth chothromach, a chur air chùl.—*Anns an treas àit.* Tha cathair blreitheanais air a togail gu breth a thoirt air cridheachaibh dhaoine, a dh' fheudas tionndadh a mach na h-inneal geur-dhaorsa. *Anns a' cheathramh àit.* Tha neo-chùrain ann an cuiid, agus uabhar ann an cuiid eile, le so air an altrum; oir feudaidh neach air bith a ghalhar a stigh mar sin, fadheoidh, a ràdh:—"Ghairm an eaglais mise a' m naomh ath-ghinte; air an aobhar sin cha ruig mi leas mi féin a rannsuchadh. Air an ùghdarras cheudna feudaidh mi a ràdh ri muinntir eile:—"Seas a thaobh, tha mise ni 's naomha na thusa!"—*Anns a' chuigeamh àit.*—Tha 'n dearbhadh a tha iad a' gabhail orra' chur suas, *se sin ri ràdh*—"Naomhachadh fiosraichte" gach là g'a thaisbeanadh féin meallta agus neo-fhreagarrach 'n an làmhaibh, le brisidhean a mach a tha gràineil agus peacach 'n am measg, eadhon, mar a measg bhall do dh' eaglaisean eile, mu 'm bheil iad ullamh a chum an diongabholtas agus an riaghailt chomuinn a's fèarr a chronachadh agus a dhiteadh.

VI. C'uin a ta neach gu bhi air a mheas cosinhuill ri bhi a' deanamh fior aidinheil creidinh ann an Criod, agus gu bhi air a ghabhail a stigh do chomunn na h-Eaglais?

Tha neach gu bhi air a mheas mar a' deanamh aidmheil diadhaidh, coltach, a ta toirt dearbhaidh air eòlas bhi aige air teagasaibh àraighe an t-soisgeil, agus a' toirt còmhdaichaidh air e féin a bhi creidsinn annta, esan a dh' aidicheas sin co fhad 's is urrainn e bhreithneachadh, a chridhe bhi air ath-nuadhachadh le Spiorad Dhé, agus aig ain bheil caithe-beatha agus conaltradh freagarrach do' n t-soisgeul. Rom. x. 10: "Oir is ann leis a' chridhe a chreidear chuin fireantachd, agus leis a' bheul a dh' aidicheadh chum slàinte"—"Gniomh. xvi. 33: "Agus air dha an toirt leis air an uair sin féin do'n oidhche, nigh e an creuchdan, agus bhaisteadh e." Luc. iii. 8: "Thugaibh a mach toradh iomchuidh an aithreachais."

VII. Ach nach do ghabh na h-abstoil muinntir a steach do'n Eaglais le baisteadh, gun fhamtuinn ri dearbhadh coltach 's am bith air an aidmheil fhaotainn?

Gach uile thàinig a chum na h-Eaglais, thàinig iad fo chunnart an saorsa, am maoin, agus am beatha a chall; agus bha sin féin 'n a dheadh chòmhdaichadh air an dilseachd, le a shamhuil sin do dh' aidmheil.

VIII. An déigh do bhuill na h-Eaglais bhi air an gabhail a

steach; am bheil iad a' buanachadh 'n an iochdaranaibh do dh' ùghdarrings an Luchd-riaghlaidh?

Tha.—Tha a shamhuil sin do dh' ùghdarrings air an aon làimh agus do dh' ùmhachd air an làimh eile, air a cheadachadh gu soilleir le lagh Chriosd. 1 Cor. v. 12, 13: "Nach 'eil sibh a' toirt breth air an dream a ta stigh? Ach a ta Dia a' toirt breth orra-san a ta 'n leth muigh." Eabh. xiii. 17: "Bithibh ùmhal do bhur cinn-iùil, agus thugaibh géill doibh."

IX. Ciod iad na cionta a tha a' toirt luchd-comuinn fo agartas, agus ascaoin Eaglais?

Bhiodh e 'n a ghothuch mi-cheart fear-comuinn a thoirt fo ascaoin Eaglais no eadhon fo agartas air son gach mion-thuisleadh 's am bith; ach tha iad gu léir fo smachdachadh na h-Eaglais—Air son—

Anns a' cheud àit, MEARACHDAN ANN AN TEAGASG. Tit. iii. 10: "An duine tha 'n a shaobh-chreidmheach, an déigh na ceud agus an dara comhairle diùlt."

Anns an dara h-dìt. *Mi-BHEUS ANN AN GIULAN.* Eph. v. 11: "Na biodh comh-chomunn agaibh ri oibríbh neo-tharbhach an dorchadair, ach gu ma fèarr leibh an cronachadh." (Faic mar an ceudna, Taisb. ii. 20.)

Anns an treas àit. *A' DEANAMH TARCUI AIR UGHDARRAS NO AIR RIAGHAILT, NO AIR ORDUIGHIBH NA h-EAGLAIS.* 2 Tes. iii. 6: "A nis àithneamaid dhuibh, a bhràithre, ann an ainm an Tigh-earna Iosa Chriosd, sibh féin a dhealachadh ris gach uile blhràthair a tha 'g inneachd gu mi-riaghailteach, agus cha'n ann a réir an teagaisg a fhuair e uainne."

Anns a' cheathramh àit. *A' DEARMAD DHLEASDANASAN FOLLAISEACH TEAGHLAICHI, NO DIOMHAIIR NA DIADHACHD.* Eabh. x. 25: "Gun a bhi leigeadh dhinn sinn féin a chruinneachadh an ceann a chéile mar is gnàth le dream àraidh." Ier. x. 25: "Dòirt a mach do dhian-chorruich air na cinnich nach do ghabhli èolas ort, AGUS AIR NA TEAGHLAICHEAN NACH 'EIL A' GAIRM AIR T' AINM."

Anns a' chùigeamh àit. *DIOMHANAS, NO LEISG.* 1 Tim. v. 8: "Mur dean duine solar air son a chuideachd féin, agus gu h-àraidh air son muinntir a theaghlaich; dh' àicheadh e 'n creidimh, agus is mios' e na ana-creideach."

Anns an àite mu dheireadh. *A' FIARADH AON REACHID SOILLEIR SGRIOTUIREIL, NO ORDUGH EAGLAISEIL AIR BITH.* 1 Tim. i. 9: "Cha'n ann do dhuine fireaneach a dh' òrduicheadh an lagh, ach do dhaoinibh neo-dhligheach agus eas-ùmhal, dhoibh-san a ta mi-dhiadhaidh agus do pheacaich," &c., &c.

X. Am bheil an Sgriobtura a' ceangal cudthrom sòluimte ri ascaoin na h-Eaglais?

Tha. Oir an uair a tha a' bhinn air a gairm do réir lagh' Chriosd, tha i air a daingneachadh air nèainh, agus ma tha 'n ceann-airceach air a "ghearradh air falbh" gu tur o Eaglais Chriosd, tha e air a thabhairt suas do Shatan dia an t-saoghal, mar aon d' a iochdaranaibh a rioghachd fhaicsinneich-sa. Mat. xviii. 18: "Gu deimhin a ta mi ag ràdh ribh, ge b'e air bith nithe a cheanglas sibhse air talamh, bithidh iad ceangailte air nèamh." 1 Cor. v. 5: "a shiamhuil so do dhuine thoirt thairis do Shatan." 1 Tim.

i. 20: "D'am bheil Himeneus agus Alecsander; muinntir a thug mise thairis do Shatan, chum le 'n smachdachadh gu'm foghlumadh iad gun toibheum a labhairt."

XI. Ciod e dleasdanas na muinntir a tha air am meas iomchuidh air ascaoin Eaglais?

Iad féin irioslachadh fuidhe,—agus ann an ùmlachd dha, aithreachas a ghabhail, agus an ceud oibre a dheanamh. 2 Cor. vii. 11: "Oir feuch, an ni so féin doilgheas diadhaidh bhi oirbh, ciod e meud an dùrrachd a dh'oibrich e annaibh, seadh, ciod an glanadh oirbh féin, seadh ciod an ro-dhom, seadh ciod an t-eagal, seadh ciod an dian-thogradh, seadh ciod an t-eud, seadh ciod an togradh dioghaltais?" Eabh. xiii. 17: "Thugaibh géill." Taisb. ii. 5: "Cuimhnich uime sin cia uaith a thuit thu, agus gabh aithreachas, agus dean na ceud oibre."

XII. Am bheil e 'n a ni laghail neach a chaidh a chur air chùl no a ghearradh a mach, a ghabhail a steach gu bràth tuileadh, a dh'ionnsuidh comunnachaidh na h-Eaglais?

Tha e; cia b' e air bith uair a tha dearbhlaighd iomchuidh air fhaotainn m' a aithreachas agus m' a ath-leasachadh beatha, feudaidh e bli air ath-ghabhal a stigh. Gal. vi. 1: "A bhràithre, ma ghlacar neach ann an coire air bith gu h-obann, sibhse a tha spioradail, togaibh suas a shainhuil sin do dhuine, ann an spiorad na macantachd." Eoin. xx. 23: "Co air bith iad d'am maith sibh am peacanna, tha iad maithte dhoibh."

XIII. Am bheil ascaoin-Eaglais 's am bith gu bhi air a chur an gniomh-gu follaiseach?

Tha. Mheud 's a tha 'g a thoilltinn le lochdaibh mòra, follaiseach, a tha ullamh gu tuaileas a thoirt air an Eaglais. 2 Cor. ii. 6: "Is leòir d'a leithid sin do dhuine am peanas so, a LEAGADH air le MORAN." 1 Tim. v. 20: "Iadsan a tha peacachadh, cronaich an làthair nan uile, chum gu'n gabh càch eagal mar an ceudna."

XIV. Am bheil a h-aon do bhrethibh na h-Eaglais a' druid-eadh a mach a' chiontaich o chluinntinn an t-soisgeil air a shearmonachadh?

Cha 'n 'eil. Tha e gu bhi air a shearmonachadh dhoibh-san a 's ciontaiche. (Faic 1 Cor. ii. 6.) agus gu h-àraidh is e dleasdanas a leithid sin do neach feitheamh air searmonachadh an fhocail.

XV. Am bheil dochann air a dheanamh do phobull Dhé le cion oideis 's an Eaglais?

Tha. 'N uair nach 'eil an Eaglais air a cumail fìor-ghlan, tha muinntir dhiadhaidh air am bacadh o thiginn d'a h-ionnsuidh. 1 Cor. v. 11: "ma ta neach air bith ris an abrar bràthair 'n a fhear-neoghloine, no sanntach, no 'n a fhear iodhol-aoraidh, no 'n a fhear-anacainut, no 'na mhisgeir, no 'na fhear-foireigne, maille r'a leithid so do dhuine gun uiread is biadh itheadh." 1 Cor. x. 20: "Cha b' àill leam comunn a bhi agaibh-sa ri deamhnaibh." Aguś iadsan anns an Eaglais, a tha, no dh' fheudas cinntinn diadhaidh, bithidh iad mar sin air an dealachadh uaire. Taisb. xviii. 4: "Thigibh a mach aisde mo phobull, chum nach bi sibh a' comhpàirteach d'a peacaibh, agus nach faigh sibh cuid d'a plàighibh."

XVI. Am bheil dochann air a dheanamh do'n pheacach féin le lcithid sin do dhearmad?

Tha. Bithidh e le so air a dhaingneachadh 'n a mhi-chùram, 'n a fhéin-mhealladh, agus 'n a pheacadh. Esec. xiii. 10, 20: "Thug iad air mo shluagh dol air seacharan, ag ràdh, Sìth, agus gun sith a bhi ann, le breugaibh rinn sibh cridhe an ionracain dubhach, agus nach d' rinn mise dubhach e, agus neartaich sibh làmhan an aingidh, a chum nach pilleadh e o 'dhoch shlighe, le bhi gealltainn beatha dha."

XVII. Nach feud Eaglais, le dearmad oideis, a creidimh a thréigsinn air chor 's nach bi i ni 's faide 'n a h-Eaglais do Chriosd, ach a' cinntinn 'n a sionagog do Shatan?

Feudaidh. Thachair sin cheana air uairibh. Taisb. ii. 9: "Is aithne dhomh toibheum na muinntir a their gur Iudhaich iad féin, agus nach eadh, ach sionagog Shatain." Taisb. iii. 9: "Iadsan do shionagog Shatain, a tha 'g ràdh gur Iudhaich iad féin." Rann. 16: "Do bhrigh gu 'm bheil thu meagh-bhlàth, agus nach 'eil thu aon chuid fuar no teth, sgeithidh mise thu mach as mo bheul."

XVIII. Ciod na sochairean a dh' fheudas éirigh do'n chiontach o cleachdanh an oideis?

Le so chi e am peacadh a bhi ole agus maslach. 2 Tes. iii. 14: "Agus ma ta neach 's am bith nach toir ùmhachd do ar focal-ne tre an litir so, comharaichibh esan, agus na biodh comhluadar agaibh ris, chum gum bi nàiro air." Agus ma ghabhas e ris an sinachdachadh le inntinn iomchuidh, tha e 'n a shedl cumhachdach a chum 'irioslachadh, 'iompachadh, agus a theagasg. 2 Cor. vii. 9, 10: "A nis tha gàirdeachas orm, cha'n ann air son sibh a bhi doilich, ach gu 'n robh sibh doilich a chum aithreachais; oir oibrichidh doilgheas diadhaidh aithreachas a chum slàinte do nach gabhar aithreachas."

XIX. Ciod na sochairean a tha 'g eirigh do'n Eaglais o oibreachadh dìlcas an oideis?

1. 'S ann leis a tha peacaich air am mi-mhisneachadh o chomunn cealgach a dheanamh ris an Eaglais, agus an taois a dh' fheudadh am meall uile a thruailleadh air a għlanadh mach. 1 Cor. v. 7: "Glanaibh a mach uime sin an t-seann thaois ghoirt chum gu 'm bi sibh 'n ur meall nuadh." 2 Aireanh a fior iom-pachain air fàs ni's lionmhoire. Gniomh. xvi. 4, 5: "Mar a shiubhail iad troimh na baitibh, thug iad dhoibh na h-òrduighean r' an coimhead a dh' òrduicheadh leis na h-abstolaibh agus na seanairibl a bha ann an Ierusalem, agus mar sin bha na h-eaglaisean air an daingneachadh anns a' chreidimh, agus MHEUD-AICHEADH iad gach là AN AIREAMH." Gniomh. v. 11, 13, 14: "Agus thàinig eagal mòr air an Eaglais uile, agus air na h-uilo a chuala na nithe so. Agus cha robh a chridie aig aon-do chàch e féin a cheangal riu, ach bha mòr mheas aig a' phobull orra." Agus a's MOID A CHUIREADH creidmhicħiżiż ris an Tighearna, BUDHEANN MUOR do dh' fhearaibh agus do mhàibh." 3. A naomhachd air a deanamh aithnichte. Eoin. ii. 16: "Togaibh iad sin á so, na deanaibh tigh in' Athar-sa 'n a thigh marsandachd." 4. Onoir a cinn air flhireanachadh. Esec. xxxvi. 23: "Aithmichidh na cin-

nich gur mis' an Tighearn, tha'n Tighearna Dia ag ràdh, 'n uair a bhios mi air mo naomhachadh annaibh-sa fa choinhair aui sùl.' 5. Agus làthaireachd ghràsmhor Dhé, agus a bheannachd air an deanamh cinnteach. 2 Cor. vi. 17, 18: "thigibh a mach as a meadhon agus dealaichibh RIU, tha an Tighearn ag ràdh, agus na beanaih ris an nì neò-ghlan, agus gabhaidh mise a'm' ionnsuidh sibh, agus bithidh mi a'm' Athair dhuibh, agus bithidh sibhse 'n ur mic agus 'n ur nigheanaibh dhomh-sa, tha 'n Tighearn uile-chumhachidach ag ràdh."

XX. Ach nach feud an ciontach le cleachdamh an oideis, a bhi air a threòrachadh gu searmonachadh an t-soisgeil a thréig-sinn, agus a bhi le so ni's mó air a chruadhachadh?

Do bhrigh gur e oideas riaghailt-lagha Dhé, feudaidh sùil a bhi againn ris an dearmad an àit a' chleachdaimh, am peacach a chruadhachadh; ach ma ni e'n a uaill is 'n a ragaireachd, a' bhuan-nachd féin, agus na cothroman tha a' sruthadh uaithe a chur an neo-shuim 'n uair gheibh o-iad le spiorad ceart; cha'n eil luchd-riaghlaidh na h-Eaglais gu bhi air am bacadh o'n dleasdanas 'ni's mó na tha ministeir an t-soisgeil o a slearmonachadh, do bhrigh gu 'm bheil iomadh air an cruadhachadh leis; agus an aingidheachd agus an cunnart air am meudachadh. 2 Cor. ii. 16: "Do 'n aon dream THA SINN 'n ar boltrach bàis chum bàis; agus do 'n dream eile, 'n ar boltrach beatha chum beatha:" Iud. 19: "Is iad sin an dream a sgaras iad féin o CHACH, collaidh, gun an Spiorad aca."

XXI. Am bheil luchd-riaghlaidh na h-Eaglais gu bhi gu trom-fhreagarrach air son an oideis a chleachdamh gu ceart?

Iadsan a ta sealbhachadh dreuchd le òrdugh Chriosd, aig aìn bi an dilseachd air a leantuinn lo co iomadh agus co mòr beannachd, feumaidh an dearmad-san a bhi 'n a thobar o'n ruith trom dhiobhail mhaireannach do'n Eaglais, eas-onoir do Chriosd, agus ole do pheacachaibh; bu chòir dhoibh iad féin a mhothachadh fo'n chudthrom bu sholuimte mu 'n chùis so, agus làn-shùil a bhi aca r' aui gairm a dh' ionnsuidh a' chunntais a's teinno air là a' bhreitheanais, air son mar ghnàthaich siad iad féin d'a thaobh. I. Pead. v. 4: "Agus an uair a dh' fhoillsichear an t-àrd-bhuachaill, gheibh sìbhl crùn na glòiro nach searg as." Eabh. xiii. 17: "Bithibh ùmhal do 'ur cinn-iùil, agus thugaibh géill doibh; oir tha iad ri faire air bhur n-anamaibh, MAR MIUINNTIR DA'N EIGIN CUNNTAS THOIRT UATHA; chum gu'n dean iad e le GAIRDEACHAS 'agus cha'n e lo DOILGHEAS."

CAIB. V.

MU CHUMAIL SUAS SAOR-THOILEACH AGUS MU SHUIDHEACHADH LAGHAIL NAN ORDUIGHEAN FOLLAISEACH.

I. An e dleasdanas Chriosduidhean páirt d'am maoin a thoirt seachad, air son bhi cumail suas aoraidh agus seirbhis Dhé?

Is e araon an dleasdanas, agus an sochair e. Exs. xxxv. 5: "Togaibh 'nur measg tabhartas do'n Tighearna; gach neach aig am bheil cridhe toileach, thugadh e leis c, tabhartas do'n Tighearn; òr, agus airgiod, agus

umha." Galat. vi. 6: "Comh-roinneadh an neach a ta air a theagascg's an fhocal, ris an neach a ta'g a theagascg, anns na h-uile nithibh maithe." Faic, mar an ceudna 1 Cor. ix. 3—15.

II. Ciod an inntinn anns am bu choir an tabhartas so a thoirt seachad?

Bu choir a thoirt gu saor, fialaidh, taingeil, cràbhach. Lebh. i. 3: "Bheir e seachad e d'a shaor thoil féin." 2 Cor. ix. 6, 7: "An ti a chuireas gu gann, buainidh e gu gann mar an ceudna; agus an ti a chuireas gu pailte, buainidh e gu pailte mar an ceudna." Salm. cxvi. 17: "Dhuitse iobraids mi iobairt molaidh, agus air ainm an Tighearna gairmidh mi."

III. Ann an cùisean 's an ionadan àraidh, far am bheil cuibhrionn iomchuidh air a sholar cheana, air son òrdraighean agus ministreileachd an t-soisgeil fhìor ghloin, le tiodhlacan suidhichte diomhair, no follaiseach, am bbeil criosduidhean, air an aobhar sin, gu an cuibhrionn féin a chumail air ais?

Cha'n'eil: bu choir dhoibh, ann an cùisibh mar sin, am meudachadh air son maith nan cinneach, agus muinnitir eile air nach do bhulicheadh na sochairean ceudna; agus mar so, bidh soisgeul Chriosd air a chraobhsgaoileadh gus an dean gach uile chinneach seirbhis dha.

IV. Am bu choir do uachdaranaibh, agus do rioghachdaibh 'n an inbhe fhollaiseich, aoradh Dhé agus leas a' chreidimh a chumail suas?

Bu choir: tha iomadh aobhar agam a' smuaineachadh gur e sin an dleas-danas.

V. Ciod iad cuid do na h-aobharaibh sin?

1. Chionn gu'n d'fhuair uachdarain an cumhachd o Dia; agus, uime sin, is còir dhoibh a ghnàthachadh chum a ghloire. Gnà-fhoc. viii. 15. Tha rioghachdan a' faighinn shoibhrean uaith, agus, uime sin, bu choir dhoibh seirbhis dhligheach a thoirt da.

2. A thaoblh ann an Iudea, o shean, gu'n robh an creidimh air a shuidheachadh le Dia, agus air a chumail suas leis na h-Iùdhaithe; nis an ni a dh' òrduich Dia, mar ni ceart, feumaidh e bhi ceart; agus an ni a bha ceart an sin, feumaidh e bhi ceart fathast.

3. A thaoblh nach 'cill ni's am bith 's an Tiomnad Nuadh an aghaidh so, ach air an làimh eile, tha na h-uile ni do réir so, agus iomadh fàidheadaireachd agus àithne mu dheighinn àm an t-soisgeil gu soilleir a' comharrachadh so'n a dhleasdanas do righribh agus do rioghachdaibh: Faic Salm. lxxii. 10, 11. Agus Isai. xlvi. 22, 23.

VI. Am bhcil aon aobhar eile agad air son so?

Tha: 4. Chionn gur h-e Criosc, mar Eadar-mheadhoinear, Righ nan righ, agus, uime sin, bu choir dhoibh strìochdadh dha, agus a chuis-san a chumail suas.

5. A thaoblh gur i crìoch àraid uachdaranaachda an t-ole a chumail sìos, agus am maith a' dhionadh.

6. A thaoblh gu bheil creidimh Chriosd, gu h-àraidh far am bheil e air a shuidheachadh do'n t-seòrsa ghlan Chléireachail, a' cumail dhaoine nis mò an òrdugh, agus ni's fèarr 'n an caithe beatha.

VII. Nach bi mi-ghnàthachadh còrr uair a' tighinn a stigh do Eaglaisibh Sgriobtuireil ged chaidh an suidheachadh air an dòigh cheart sin?

Bithidh: ach tha sinn ri strì ris na mi-ghnàtha sin a chur uainn, agus an deadh chleachdamh a chumail suas. Cha tilg duine glic uaith trusgan maith chionn gu bheil droeh bhall no dhà ann, na'n deanamh beagan do shaothair an toirt as.

VIII. Am bheil thu, air an aobhar sin, gu creidimh a chumail suas a tha neo-Sgriobtuireil, chionn gu bheil e suidhichte?

Cha'n'eil idir: oir cha'n'eil creidimh gu bhi air a mhéas maith chionn gu bheil e suidhichte; ach bu ehoir dba bhi suidhichte chionn gu bheil e maith.

IX. Am bhcil e iomchuidh gu'n deanadh uachdarana creidimh a shuidheachadh 's a chumail suas co dhìubh bhios e fior na breugach, fior-ghlan no truaillidh?

Cha'n'eil: feumaidh duin' a chlann oilineachadh; ach cha'n'eil e ceaduictie dha an oilineachadh air sheòl a bhios cronail dhoibh féin agus do dhaoin'eile. 'S ann mar so, mar an ceudna, tha a' chuis cedar uachdarana agus ioehdarana.

CAIB. VI.

PONCAN R' AN COIREACHADH AN EGLAISIBH EILE.

I. Nach 'eil an Eaglais Chléireachail, gu ceart, iomchuidh hhi air a gairm no air a h-ainmeachadh Protastanach?

Tha. Do hhrigh gu 'ni hheil i, maille ris na h-Eaglaisihh ath-leasaichte eile, ag aidmheil gu 'n dlùth-lean i ris an fhanuis shòlinimte a thog luchd an Ath-leasachaiddh (mu shèa-ceud deug hliadhna do dh'aois ar Tighearna) an aghaidh mhearachdan agus thruaillidheachd Eaglais na Ròimhe.

II. Ciod iad cuid do na mearachdan anns an Eaglais sin, an aghaidh an do thog an Eaglais Ath-leasaichte fianuis?

Thog iad fianuis, a measg iomadaidh ni eile, an aghaidh teagaisg Ardcheannais a' Phàpa. (Mat. xxiii. 8, 11: Eph. ii. 19, 20.) Thog iad fianuis an aghaidh teagaisg neo-fhàilingeachd na h-Eaglais, (Gniomh. xvii. 11: 2 Cor. i. 24.) An aghaidh teagaisg a hhrigh-athaarrachaiddh, agus iobairt na h-aifrinn. Gniomh. iii. 20, 21, Eahh. ix. 24-28: 12-14.) An aghaidh an teagaisg, gu 'm hheil oihre maithe nan naomh, fiughail ann an làthair Dhé. (Isa. lxiv. 6: Eph. ii. 8, 9. Rom. xi. 6.) An aghaidh teagaisg a' Phurgadair agus gu 'm hu choir ùrnuighean a chur suas as leth nam marbh. (Luc. xvi. 22, 23, xxiii. 43: 2 Cor. v. 8, 1 Eoin. i. 7: Tais. xiv. 13.) An aghaidh an teagaisg gu 'm hu choir aoradh a dheanamh do dh' iomhaighiibh nan naomh agus do chuimhneachanaiibh no do nònaidiibh coisrigte. (Ecs. xx. 4, 5. Taish. xix. 10: xii. 8, 9:) An aghaidh, nach hu choir na Sgriothuirean a hhi air an leugliadh leis a' phohull. (Deut. vi. 6, 7: Mat. xxii. 29: Eoin. v. 39.) An aghaidh teagaisg hheatha na geamnuidbeachd, agus fantuinn air ais o sheòrsachaibh àraidi hìdh, le cumail a mach gu 'm hheil an leithide sin a ghnàth, an dlù-dhàimh ri àrd-dhiadhachd agus naomhachd hharraichte na deadh-allaidh. (Lehh. xxii. 10, 13; 1 Cor. vii. 2: 1 Tim. iv. 3, 2: 1 Cor. vii. 8.) Tha na h-Eaglaisean Cléireachail Ath-leasaichte a' togail am fianuis an aghaidh nam mearachd so, agus ann an aghaidh iomadaidh mearachd eil' ann an Eaglais na Ròimhe, a thaohh iad hhi ana-Criosdail, agus sgriosail do dh' anamaibh dhaoinc.

III. Ciod an solus anns am hheil luchd-Cléire ag amharc air Eaglais Phrotastanach shuidhichte Shasuinn agus Eirinn?

Tha iad 'g am meas mar Eaglaisihh le Criosd, ach aig an àm cheudna, co neo-sgriothuireil 'n an suidheachadh, agus 'n am ministreileachd, agus gu 'm h-eigin doihh féin an comunn a chumail air leth uatha.

IV. Ciod a th' ann an suidheachadh, agus ann am ministreileachd nan Eaglaisean so a ta Luchd-Cléire ag àicheadh agus a' cur air chùl?

Anns a' cheud àit. Tha iad ag àicheadh a' chumhachd agus an ùghdarrais ann an gnothuichihh spioradail, a tha na h-Eaglaisean ud ag aideachadh a hhi aig an àrd-Uachdaran aimsireil, co dhiuhh is frionnach no hoirionnach e. Faic Leahhar Lagha Righ Eannraig, an t-ochdamh *Cail*, far am hheil e air a chur an céill,—“Gu 'm hheil làn chumhachd agus ùghdarras aig an Righ a chluinntinn agus a shònruachadh, gach uile chùis a bhuineas do 'n Eaglais, agus gach uile dhuhailc, pheacadh, mhearachd, agus shaobh-chreidimh ath-leasachadh agus a cheartachadh, Ge he air hith.” Agus faic mar an ceudna, anns an 34. earrann do'n chaibideil cheudna, anns am bheil air a chur siòs—“Ge h' e air hith a hhriseas gu follaiseach heul-aithris, no Riaghailt-chràhhaidh na h-Eaglais, tha e a' deanamh dochann do ùghdarras an uachdarain.” (Mat. xiii. 10: Eph. i. 2.)

Anns an dara h-àit,—Tha aca an aghaidh nan Eaglaisean ud, gu 'm bheil, do réir an suidheachaidh-san, cumhachd aig *Pàrlamaid*, no àrd-chombhairlc na Rioghachd, a th'air a deanamh suas do luchd-Eaglais Easbuigeach Shasuinn, Eaglais Chléireachail na h-Alba, agus gach dream eile 's am hith mar thachaircas, agus ana-creidmich, a shònruachadh cia lion Eashuig agus Aodhair a's feumail a hhi aca, mar th' air a nochdadhl anns an *Achd-lagha* mu dheireadh a rinn iad; ann an heagachadh àireamh an cuiid Eashuigean ann an Eirinn.

Anns an treas àit,—Tha iad 'g an àicheadh, do hlrigh na smachd, agus an

ughdarrais, a tha iad a' fulang do riaghlaigh aimsireil na Rìoghachd a bhi aig' os an ceann ann an cùisibh diadhaidh, gu 'm bheil iad air am fàgail eu-comasach iad féin ath-leasachadh, a għlanadh, no chur am farsuingeachd; no aon mhearachd no mi-ghnàth, 'n an giùlain a cheartachadh.

Anns a' cheathramh àit,—A' cumail a mach mar tha Luchd-Cléire a' deanamh, gun d' òrduich Criod 'n a fhocal, gach uile shuidheachadh a mlieas a ghliocas siorruidh a chum oiléanachaidh na huidhne spioradail a' s leis féin, agus gu 'n do theagaisg e an dearbh mhodh a h' fhéarr a dh' fheudadh a hhi a chum an riaghlaigh agus an coimhead. Dh' àicheadh iad an cumbhaclid a tha na h-Eaglaisean so ag agairt air Reachd ceangail deas-ghnàth soluimte a' chràbhaidh ann an aoradh Dhé. (*Faic Puing* 20.) agus air an dòigh sin na nithe sin atharrachadh anns an do shònruich e a shuidheachadh féin a bhi air a choimhead. Gnàth. xxx. 6; Taish. xxii. 18.

Anns a' chriigeamh àit,—Cha'n urrainn iad aontachadh leis na Riaghailtibh-cràbhaidh a leanas nach 'eil na Sgriobtuirean a' ceadachadh;—Na h-ioma-daidh làithe féille a th' air an sònruachadh agus air an coimhead leis na h-Eaglaisean ud.—Goistidhean ann am baisteadh,—Goistidhean a' toirt bhòidean ann an ainm an leinibh, agus a' għahail chumhnantan orra féin, nach urrainn iad, do réir nàduir, a chomhlionadh—A' gnàthachadh samh-ladh a' chroinn-Cheusaidh, (no na croise) anns a' hħaisteadh—a dol fo làimh an Eashuig gu bhi air an coisrigeadh leis.—'Ga 'n ùmhłachadh 'n uair chlu-inneas iad luaidh air ainm Iosa— a' dol air an glünibh aig Suipeir an Tighearna.—A' frithdealadh Suipeir an Tighearna gu h-uaigneach—A' coisrigeadh Eaglaisean, ionadan-adħlaie, agus aran agus fion na Sacramaind—Am huil-eachadh fuar chràbħach a tha iad a' deanamh do dh' fhuigleal an arain agus an fhiona an déigh a' chomunnachaidh—Maitheanas peacaidh do mħuinnitir thinn. Mat. xv. 9.

A chionn gu 'm bheil euid do na Riaghailtean-Craħħaidh sin, do réir col-tais neo-cludthromach annta féin, c'arson a tha an coimhead 'n a clicann-fàth cudthromach air na Eaglaisean ud àicheadh?

Do hħrigh gu 'm bheil a leithid do choimhead a' toirt misniċi do dh' fhuar-chràbħadh, agus colg-dhíreach an aghaidh diongmboltais nan Sgriobtur, mar an aon Riagħbait creidimh agus cleachdaimh, agus a' cumail suas nan saoħħ-bħunaitean neo-sgriobtuireil agus aimbleasach, gu 'm feud daoine gu neo-lochdach agus gu tarbhach tuilleadh a chur ri sudheachaidhean Criod, agus ri cùmlinat a' chomunnachaidh 'n a Eaglais. Col. ii. 20, 23.

Anns an t-seàthamh àit,—Cha'n urrainn iad għabail ri "Leabhar nan Urnighċan Coitchionn" le thoir fainear gu 'm bheil a bhi deanamh feum dheth 'n a mheadhon air grabadh a chur air cleachdāmh nan gibhtean spioradail, agus a' misneachadh gnàthas marbhantach ann an crabħadħ, agus 'n a dħeas-ghnàth coithcħionn agus 'n a chur r' a chéile, tha e neo-cboimħlionta agus meirbheallach, a' għabail a steach ath-aithris bħriathran gun fheum—earrannan neo-ionchuidh mar thcagħasg, as an *Apocrapha**—suidhacħ-aidhean mi-ordail gun chonnhall 'n an urnalib—agus iad co ro-choltach ris an Leabhar-aifrinna Phàpanach, o' m hheil iomadaidh do na h-urniġħ-an air an tarring.

Anns an t-seachdāmh àit,—Tha iad an aghaidh cleachdaimh na h-uach-daranachd Eaglais agus cunħachd an òrduħħaidh a bhi air a chur gu h-iomlan an comas nan Easbuig. 1 Tim. iv. 14.

Anns an ochdamh àit,—Tha iad an aghaidh liomħoirachd nan dreuchdan neo-sgriobtuireil anns na h-H-eaglaisibh ud, mar tha, àrd-Easbuig, Easbuig-isosal, àrd-dheacona, Deadhan, Fear-Stiopan-cille, Fear-naomh-Reachd, Bioc-air, comasdair, àrd-chomħairlich, Fear-ionaid, agus Pracadair; dreuchdan nach robb riamħ air an òrduħħad le Criod, ach a bh'air tūs air an cruth-achadh le Pàpa na Ròimhe.

Anns an Naoidheamh àit,—Cha'n urrainn iad għabail ris an teagħasg, gu 'm bheil naoidhean air "ath-bhreith," le baisteadh an uisge, agus air a "dhean-

* Leabħraicean coltach ris na Sgriobtuibh, agus a ta Papanach agus iomad-aidb eile 'cumail a mach a ta 'n daimh ris na leabħraichibh sin, air an aohħar sin tha iad 'g a cheangal suas maille ris a' Bhioball, agus 'g a mheas mar Earrainn de'n Leabħar naomha sin, ged nach 'eil ann ach Eachdraidh mar Leabħar gnàthaikte eile. Tha earrann do sbèthamb puing a' chreidimh Shasunnaich air a tharruung as an Leabħar sin.

amh na hhall do Chriosd agus na leanabh do Dhia." Seumas i. 18; Pead. i. 23.

Anns an deicheadh àit,—Tha iad a' caoidh co soirbh-shaor sa tba na h-Eaglaisean ud a thaohh na muinnir a tha iad a' gabhail, a dh' ionnsuidh an comunnachaид agus shochairean an Eaglais. Tha iad a' caoidh, mar an ceudna, gu'm bheil gach aon do na ministeiribh diadhaidh a' dh' oidhri-picheas ri oideas spioradail a chleachdamh fo mheachainn geur-leanmhuinn cheadaichte, agus fo' umhagh laghail.

Anns an aon àite deug,—Tha iad an aghaidh cumhachd leagail agus togail na h-ascaoin Eaglais a bhi aig fear nach huin do'n Eaglais féin, anns an ni sin do'n goirear "Mòd-Easbuig."

V. Ciod an solus anns am bheil luchd-cléire, (no Eaglais na h-Alba,) a' faicinn nan Eaglaisean ud ris an abrar Neothar-eiseimeilich, no coimh-thional?

Tha iad a' gabhail ris gach aon aca a ta 'g aidmheil an ni do'n goircar teagast nan gràs, a bhi mar an ceudna 'n an Eaglaisibh le Chriosd; ach tha iad an aghaidh an suidheachaidh sònرنicht—Ni a ta cumail a mach, gu'm bheil coimhthional àraidh 'n an Eaglais a ta neothar-eiscimeil a thaobh gach aoin eile, gun a bhi fo smachdachadh àrd-mhòdan, agus gu'm bheil ugh-darras aig uile bhuill na h-Eaglais air uachdaranaichd a chleachdamh, agus an aonta 'chur ris gach gnè riaghlaidh agus hreth a tha air iarruidh air an Eaglais a chur còmhnuair.

VI. C'ar son a tha iad an aghaidh a leithid so do Riaghlaidh-Eaglais?

1. Tha e colg-dhìreach an aghaidh aonachd na h-Eaglais mar air a suidheachadh air aonachd a Cinn Néamhaidh féin—a creidimh—a baistidh, agus na h-uile riaghait lagha agus òrduighean, agus a' chunntais a th'air a thoirt mu an timchioll sin uile, anns na Sgriobtuiribh, le a samhlachadh ris a' chorp dhaona 1 Cor. xii. 12, 26, 27: ri Riogliachd. Eoin. xvii. 36. Agus ri armait fo aon cleannard. Taisb. xx. 9.

2. Tha e colg-dhireach an aghaidh suidheachadh na ceud Eaglais, (Faic Caibideil I, Ceist 3. Earrann 4.)

3. Tha 'e cur as do 'n eadar-dhealachadh a th'air a lathairt uime gu soilleir anns an sgriobtur, eadar luchd-riaghlaidh na h-Eaglais agus iadsan a th'air an riaghlaidh. Eabb. xiii. 17, 24.

4. Do bhrigh an ana-cothrom do'm bheil iad huailteach.

Anns a' cheud àit,—O 'n smachd neo-dhligheach a th' aig a' phobull 'n an comas a chleachdamh thar an aodhairean, n' an tàrladhl dhoibh, le dilseachd fìrinnean a shearmonachadh nach biadh taitneach leo; no le hhi cronachadh cuid do pheacannan do'n robh iad buailteach, no oilblieum 's am bith a labhairt, no n' an gabhadh am popull aig àm 's am bith tlachd do shearmonaich' eile; tha e air ball gu bhi buailteach air a chur as a dhreucild.

Anns an dara h-àit,—O iad a bhi dh' easbhuidh mòd-dearbhaidh ris an deanadh neach a ghearan 'na 'm h' e 's gu 'n nochdtadhl ainneart dha aig breth le falachd luchd-foille, no le cumhachd mi-iomchuidh aig cuid do'n choimhthional anns am bheil esan 'n a Aodhair no 'n a bhall comuinn. Gniomh. xv. 2.

Anns an treas àit,—O co neo-chomasach 's a tha coimhthional air leth, air aon do na gnothiuichibh a 's cudhlromaiche m' an deachaidh an Eaglais a chur suas air thalamh a choimhlionadh, 's e sin, rioghachd Chriosd a mheud-achadh. Tha neothar-eiseimeilich an uair a tha iad a' toirt oidhrip air an t-soisgeul a chraohh-sgaoileadh, air an toirt gu hhi ag oibreachadh, cha'n ann a dh' aon rùn mar Eaglais, ach mar bhuill do chomunnaibh eug-samhuil air an co-mheasgadh an ceann a chéile.

Anns a' cheathramh àit.—Do bhrigh gur gnàthas e ann an cui'd do phoncaihh a tha glè neo-ghoiresach, mur a h-eil e gu h-iomlan do-dhèanta an leantuinn a mach. Gabhaidh sinn so mar eisimpleir:—Ann an cuisean àraidh do cliontaidhean neo-ghlan a tha air an toirt an làthair na h-Eaglais; mar a tha striopachas, no adhaltranas; cha'n urrainn am boirionnach gu'n anabarr neo-chiontalaish mhi-iomchuidh a nochdadhl, seasamh chum éisdeachd agus breithneachaidh, mar a tha dhleasdanas oirre 'dheanamh, réir riaghailtean nan neothar-eiseimcileach.

AN COMH-DHUNADH.

VII. Ciod eile na smuaintean seadhach bu chòir toirt air luchd-cléire dlù-leantuinn lc gràdh dealasach ri 'n Eaglais fein?

A teisteas, no a chù Sgriobtuireil, co saor's a tha i o na cunnilibh troma tha'n aghaidh riaghailtean nan Eaglais eile, an t-saorsa dhiadhaidh agus na cothroman a ta a luchd-comuinn a mealtuinn.

VIII. Ciod iad na saorsaidhean agus na cothroman sin?

Comas a bhi aca an cuid aodhairean agus an luchd-riaghlaidh féin a thagh-adh. Saorsa o chumhachd ain-tighearnail air an aon làimh, agus o eas-aonachd air an làimh eile, ann an uachdaranaichd an Eaglais féin, na meadhona, agus na cothroman a th'aca air mi-dhìlseachd ann am ministeiribh, no ann an seanairibh, ciontaidhean luchd-comuinn, agus mearachdan ann an teagast, a thoirt an làthair luchd-riaghlaidh na h-Eaglais, a chum ranns-uchaidh agus breitheanais—Cothrom agus cumhachd air cùis-lagha a thogail o aon mhòd-Eaglais gu mòd-Eaglais eile, 'n uair a tha'n córaichean mar luchd-àiteachaidh Shioin air an dochann no air am maslachadh, agus is ionann a ta a suidhechaidhean agus an riaghailtean-Eaglais is gu 'm bheil i a' gabhail a stigh innse féin cumhachd air eucoirean agus mearachdan ath-leasa-chadh, agus gu 'm bheil aice na h-innleachdan a's fèarr a chum criochan Rioghachd an Fhir-shaoraiddh a chur am farsuingeachd, agus corp diomhair Chriosd thogail suas a chum làn-fhàs.

IX. Cia mar bu chòir do luchd-cléire na sochairean so a chleachdamh, agus a bhualeachadh?

Bu chòir dhoibh an cleachdamh gu taingeil, agus gu dileas, a chum an oilineachaidh féin, le Eaglaisean eile 'thoirt a chum cordalachd lagha tigh Chriosd, agus oidhirpeachadh obair theachdairean a chur air aghaidh 'n an tìr féin, agus air feadh an t-saoghail gu léir, chum 's gu 'm faic uil' iomalla na talinhainn sláintc Dhé.

A' CHRIODH.

